

From: scarista [scarista@supanet.com]
Sent: 28 August 2006 00:01
To: plana@bng.org.uk
Subject: bord

Aig toiseach na seachdaine, bha mi aig coinneamh air An Tairbeart, Na Hearadh, far an cuala sin mun phlana airson Na Gaidhlighe, agus abair thusa gu robh e inntinneach. Tha obair mhor ionmholta air a deanamh as leth Na Gaidhlig e agus 'se fìor dheagh naidheachd a tha sin. Tha mi a'smaoineachadh gu bheil am plana miorbhaileach --- ach chaneil ann ach plana. Agus chaneil feum an t-saoghail ann am plana mar a toirear gu buil e. Tha fios aig a h-uile duine de an t-slighe air a bheil fear nan deagh-run --- ("good intentions" anns A'Bheurla). Sin an t-eagal a th'orm!

Tha mi an dochas gun teid a'cheart uiread de dh' airgead, uine agus dealas a chuir ann a bhith a'toirt a'phlana gu buil. Feumar gu h-airid tacsa agus misneachadh a thoirt dhan oigridh --- abair fo 30 bliadhna dh'aois . Chaneil annamsa ach crabhsge de chaillich agus tha mo latha an ire mhath seachad-- ach tha daoine oga ann aig a bheil Gaidhlig fhileanta, ghlan, shiubhlach, a thog iad aig gluin am mathar agus tha iad sin priseil dhan chanan agus dhan dualchas, agus saoilidh mi gu bheil iad gu ire air an diochuimhneachadh. Tha feum aig cridhe a' chanain anns Na h-Eileannan air leasachadh.

Bu toil leamsa daoine oga tapaidh fhaicinn le obair aca, e deagh thuarasdal, a-muigh anns na coimhearsnachdan --- a' bruidhinn, a'ruith chlubaichean spors agus chlubaichean canain, a'tional fiosrachaidh o sheann daoine mas teid an dualchas sin air chall gu buil --- ceud rud a tha ri dheanamh. Nach biodh e math nam biodh duine no dithis mar sin anns a h-uile coimhearsnach anns a bheil A'Ghaidhlig. Chaneil cail agam an aghaidh luchd-ionnsachaidh, ach saoilidh mi gu bheil seirbhis luchd-ionnsachaidh air a mhaonachadh fada air thoiseach air tacsa do na fileantaich.

Tha am plana math --- 'se tha, ach tha mise an dochas gum faic mi piseach air a' chanan na luib.

Mrs Morag MacLennan